

Earrann ri ceartachadh: 2

Leugh an earrann a leanas anns am faic thu 20 mearachd agus an uair sin:

- Ceartaich na mearachdan;
- Innis carson a bha iad ceàrr.
(Gheibhear freagairtean shìos.)

Bun-sgoil nan Eilean
An Eilean Bàn

A' charaid choir,

Tha sinn a sgrìobhadh na litreach seo as leth Bun-sgoil nan Eilean, Clas 6-7.

Tha an sgoil a' dèanamh leabhar còcaireachd agus bha sinn a' smaoinichadh 's dòcha gum bidh sibhse toirt urras dhuinn. 'S dòcha tha sibh a' smaoinichadh, carson a bheir sinn taic dhaibh? Seo adhbhar no dhà:

Bhiodh sibh a' cuideachadh an sgoil againn;
Bidh sibh a' cuideachadh sinn airgead a' thogail;
Dh'fhaodadh sibh reasabaidh a chur dhan leabhar.

Taing mhòr airson an ùine agaibh. An cuir sibh fios thugainn mas urrainn dhuibh ur cuideachadh, no, mar nach urrainn dhuibh, tapa leibh!

Fo Eilidh, Calum, Niall agus Anna.

Tapadh leibh!

bun-sgoilnaneilean@gov.uk

Aireamh fòn 00000 000000

2. Na mearachdan air an sònrachadh.

A' charaid choir,

Tha sinn a sgrìobhadh na litreach seo as leth Bun-sgoil nan Eilean, Clas 6-7.

Tha an sgoil a' dèanamh leabhar còcaireachd agus bha sinn a' smaoinichadh 's dòcha gum bidh sibhse toirt urras dhuinn. 'S dòcha tha sibh a' smaoinichadh, carson a bheir sinn taic dhaibh? Seo adhbhar no dhà:

Bhiodh sibh a' cuideachadh an sgoil againn;

Bidh sibh a' cuideachadh sinn airgead a' thogail;

Dh'fhaodadh sibh reasabaidh a chur dhan leabhar.

Taing mhòr airson an ùine agaibh. An cuir sibh fios thugainn mas urrainn dhuibh ur cuideachadh, no, mar nach urrainn dhuibh, tapa leibh!

Fo Eilidh, Calum, Niall agus Anna.

Tapadh leibh!

bun-sgoilnaneilean@gov.uk

Aireamh fòn 00000 000000



SABHAL
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

3. Na mearachdan air an ceartachadh.

Bun-sgoil nan Eilean

An t-Eilean Bàn

A charaid chòir,

Tha sinn a' sgrìobhadh na litreach seo às leth Bun-sgoil nan Eilean, Clas 6-7.

Tha an sgoil a' dèanamh leabhar còcaireachd agus bha sinn a' smaoineachadh gur dòcha gum bi sibhse toirt urras dhuinn. 'S dòcha gu bheil sibh a' smaoineachadh, carson a bheireadh sinn taic dhaibh? Seo adhbhar no dhà:

Bhiodh sibh a' cuideachadh na sgoile againn;

Bhiodh sibh gar cuideachadh airgead a thogail;

Dh'fhaodadh sibh reasabaidh a chur dhan leabhar.

Taing mhòr airson na h-ùine agaibh. An cuir sibh fios thugainn mas urrainn dhuibh ar cuideachadh, no, mura a h-urrainn dhuibh, tapadh leibh!

Bho Eilidh, Calum, Niall agus Anna.

Tapadh leibh!

bun-sgoilnaneilean@gov.uk

Àireamh fòn 00000 000000

4. Na mearachdan air am mìneachadh. Tha na facail ann an clò Eadailteach dorcha air am mìneachadh ann am “Briathrachas Sònraichte”.

Bun-sgoil nan Eilean

1. An Eilean Bàn > An t-Eilean Bàn

Tha *eilean fireann* agus san *tuisseal bhunasach* an seo; bidh an t-alt bunasach fireann a' cur t- ro *fhuaimreagan*.

2-3. A' charaid choir > A charaid chòir

Is e a am mìrean *gairmeach*: a *Sheumais*, a *Mhòrag*; chan eil e na ghiorrachadh is cha bhi asgair (') ann. Tha an ò ann an *còir* fada is bidh stràc oirre.

4. a sgrìobhadh > a' sgrìobhadh

'S e giorrachadh a th' ann an a' (de *aig*) an seo, mar a chithear ann an *bha i ag ithe*, agus bidh asgair ann (').

5. as leth > às leth

'S e às a bu chòir a bhith ann; ged nach eil an fhuaimreag fada, tha i fosgailte – tha am beul fosgailte – agus eadar-dhealaichte ann am fuaimreachadh bho a ann an *nuair a bhitheas*, mar eisimpleir.

6. a' smaoineachadh 's dòcha > a' smaoineachadh gur dòcha

Feumaidh *gu* a bhith ann an dèidh *bha sinn a' smaoineachadh* agus atharraichidh *gu + is gu gur*.

7. gum bidh > gum bi

Cleachd *bidh* aig toiseach rosgrainn; cleachd *bi* an dèidh *gum*: *bidh mi ann seach gum bi mi saor*.

8. 'S dòcha > 'S dòcha

'S e an t-asgair (') a tha ceàrr an seo: feumaidh duine smachd a ghabhail air a' chompiutair, ma nì e sin gun fhios!

9. 'S dòcha tha sibh > 'S dòcha gu bheil sibh

Bidh *gu a'* leantainn *is dòcha* ann an rosgrann.

10. carson a bheir sinn > carson a bheireadh sinn / bheireamaid

'S e an *tràth cumhach* a tha a dhìth an seo, chan e an *tràth teachdail*.

11. a' cuideachadh an sgoil > a' cuideachadh na sgoile

Nuair a bhios *an t-alt* ann, cleachdar *an tuiseal ginideach* an dèidh *ainmeir ghnìomhairich*.

12. Bidh sibh > Bhiodh sibh

'S e an tràth cumhach a tha a dhìth an seo, chan e an tràth teachdail.

13. a' cuideachadh sinn > gar cuideachadh

'S e buaidh na Beurla a tha sa mhearachd seo.

14. airgead a' thogail > airgead a thogail

Sgrìobhaidh duine a a-mhàin an seo; chan e giorrachadh de *aig* a th' ann (faic (4) shuas).

15. airson an ùine > airson na h-ùine

Cleachdar an tuiseal ginideach an dèidh *airson*, tha *ùine* boireann.

16. ur cuideachadh > ar cuideachadh

'S e *ar* (sinn), chan e *ur* (sibh) a tha a dhìth an seo.

17. mar nach urrainn > mura h-urainn / mur urrainn

'S e mì-thuigse a tha seo: canar *mur urrainn*, *mura h-urainn* gu foirmeil, ach saoilidh cuid gur e **manach urrainn* > **mar nach urrainn* a th' ann.

18. tapa leibh > tapadh leibh

Sgrìobhar *tapadh*, ged a chanar **tapa*, mar as trice, ro *leat/leibh*.

19. Fo > Bho

Sgrìobhar *bho* no *o*, ged a chanas cuid de dhualchainntean **fo*.

20. Aireamh > Àireamh

Cleachdar stràcan air litrichean mòra cho math ri litrichean beaga.

[Tha an eacarsaich seo stèidhichte air litir a fhuaradh bho sgoil.]